


NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 5 | 2017 | AN CÈITEAN



Facal Toisich

Tha atharrachadh mòr air tighinn air cùisean bho chaidh a' cheud Fhear-deasachaidh a thaghadh air *Na Duilleagan Gàidhlig* anns an naodhamh linn deug. Bha ùghdarras aig ìmpireachd Bhreatainn anns an latha sin air nach eil sgeul an-diugh. Tha saoghal an latha an-diugh tur eadar-dealichte on t-saoghal a bha ann anns an latha sin.

Bha na meadhanan clò-bhualaidh glè eadar-dhealaichte anns an linn sin. Bha a' chuid mhòr den sgrìobhadh air a dhèanamh leis an làimh. An-diugh tha goireasan ann nach robh ri lorg anns an naodhamh linn deug. Tha e cho furasda an-diugh clò-bhualadh a dhèanamh agus teachdaireachd a chur air falbh gun a bhith a' gluasad on dachaigh. Tha goireasan againn anns an latha againne nach robh ann nuair a thòisich am Fear-deasachaidh seo air an dreuchd. The coimpiutairean agus innealan eile air adhartas mòr a thoirt air obair deasachaidh.

Ged a tha atharrachadh air tighinn air dòighean clò-bhualaidh agus a h-uile rud cho sgiobalta agus cho goireasach anns an linn anns a bheil sinne beò, tha rudan ann nach eil ag atharrachadh. Tha sgeul an t-Soisgeil cho ùr agus cho iongantach an-diugh agus a bha nuair a thàinig a' cheud àireamh de *Na Duilleagan* on chlà-bhualadair, ged a tha dòighean eadar-dhealaichte againn air na naidheachdan a chraobh-sgaoileadh air feadh an t-saoghail ann an Gàidhlig agus ann an cànanan an t-saoghail.

**Gach beannachd agaibh uile,
Ruairidh MacLeòid**



Air an t-samhradh seo bidh luchd-cuairt a' dol air tursan-mara. Ruigidh feadhainn dhiùbh cho fada a-mach ri Hiort. Thogadh eaglais Hirt ann an 1830, agus bidh daoine fhathast ag adhradh anns an eaglais seo, nan aonar no mar choitheanal.

Cùil nan Ceist

Air a' mhìos seo bidh sùil againn ri làithean nas blàithe. Han a ceistean an turas mu bhlàths agus mun ghrèin. Gheibhear freagairt nan ceist air a' cheathramh duilleag. Than a freagairtean anns na caibideilean a tha air an ainmeachadh.

1. Dè a thàinig a-mach as an teas? – Gnìomharan, caibideil 28.
2. Lìon a' bheàrn seo – “Loisgeadh mo ----- le teas.”
3. Dè an t-eun a bhlàthaicheas a h-itean anns an duslach? Iob, caibideil 39.
4. Cò nach do ghabh blàths? Ceud Leabhar nan Rìgh, caibideil 1.

Misneachadh – 5

Misneachadh – sin an cuspair a tha air a bhith againn anns an t-sreath seo de sgrìobhaidhean.

Rinn sgioba Bhreatainn gu h-iongantach aig na Geamachan Olympianach an-uiridh. Canaidh cuid gur e an co-chomann a bha 'nam measg, am misneachadh a thug iad da chèile, a bu choireach, gu h-ìre, gun do shoirbhich leo cho mòr.

Cha robh Daibhidh an salmadair eadar-dhealaichte ris na creidmhich a tha nar latha-na. Bha amannan nuair a bha e fo ghruaim agus a' cur feum air misneachd. Bhiodh e a' cur luach air an taic a bha e a' faghinn o dhaoine eile, Ach bha e a' cur luach gu sònraichte air an neart a bha e a' faighinn o Dhia.

*O m'anam, cuim' a leagadh thu,
Le dìobhail misnich sìos?
Is cuim. a bheil thu 'n taobh staigh dhìom
Fo aimheal is fo sgìos?*

*Cuir dòchas daingeann ann an Dia:
Oir molam E a-ghnàth.,
O 's e as slàinte do mo ghnùis
Is e mo Dhia gu bràth.*

Nuair a leughas sinn na naidheachdan o latha gu latha, nuair a dh'èisdeas sinn ris an radio, nuair a choimeadas sinn air an telebhisean, tha sinn a' cluinntinn mu iomadh cuspair dorcha a dh'fhàgas ar cridhe goirt.

Bhiodh rudan ann a bha a' fàgail an t-salmaidair

iomaigeanacs mu chor na rìoghachd. Bha iomadach suidheachadh ann a bha ga mhì-mhisneachadh. Ach bha e a' creidsinn. A dh'aindeoin coltais an leth a-muigh, gu robh làmh uile-chumhachdach a' riaghadh, air cùl an dorchadais gu bheil solas sìorraidh, gu bheil gràdh nas treise na fuath. Gun toir ceart buaidh air ana-ceartas.

*Rachadh mo mhisneachd uil' air chùl
Mur creidinn maiheas Dhè.*

Tha sinn uile a' cur feum air misneachadh. Agus tha sinn uile air ar gairm gu bhith a' toirt misneachd do chàch a chèile

An t-Urramach Calum MacLeòid, bho Sgìre Uige gu Both Chuidir

Greum Cooper

Phòsadh an t-Urramach Calum MacLeòid ri coitheanal Eaglais Bhoth Chuidir air an deicheamh latha den t-Sultain 1937. Aig an àm sin, bha e 56 bliadhna a dh'aois. Bha beatha thrang, shoirbheachail air a bhith aige, comharraichte airson dealas ann n dà adhbhar mhòr: ministrealachd anns an Eaglais Crìosdail agus brosnachadh cànan agus cultar nan Gàidheal. Dh'fhaodadh e a bhith gu robh ceangal dlùth ann eadar an dà adhbhar so 'na inntinn. Rugadh e ann an 1881 ann an Crabhlasta, Sgìre Uige. B'i a' Ghàidhlig prìomh chànan na

Leabhraichean

Anns an naodhamh linn deug chaidh còrr is trì cheud còmhradh fhoillseachadh ann an Gàidhlig. Bha na sgrìobhaidhean seo air an toirt am follais ann an Canada agus Astràilia a bharrachd air Alba. Bha na còmhradh sin air iomadh cuspair, ach thàinig mòran dhiùbh on peann ealanta aig an Oll. Urr. Tormod MacLeòid, Caraid nan Gàidheal.

Tha Sìle Kidd air obair iongantach agus mhionaideach a dhèanamh ann a bhith a' taghadh agus a' deasachadh an leabhair seo airson a' chlà-bhualadair. Tha tòrr fiosrachaidh anns an leabhar seo. Tha na còmhradh air iomadh cuspair, air an robh daoine a' cnuasachadh, leithid foghlaim, an Eaglais, agus ceist an fhearainn.

Còmhradh nan Cnoc
Air a dheasachadh le Sìle M. Kidd.
(Air fhoillseachadh le)

Tha ro-ràdh anns an leabhar aig Sìle Kidd a tha air leth feumail mar a tha am mìneachadh a tha i a' dèanamh air na tachartasan a tha air an ainmeachadh anns na còmhradh. Tha e feumail gu bheil faclair aig deireadh an leabhair.

Gheibhear fiosrachadh air cuspairean a bha air bilean an t-sluaigh, agus gu h-àraidh air aire nan Gàidheal anns an naodhamh linn deug. Tha an leabar seo mar sgàthan mar beatha agus beachdan nan Gàidheal ann an linn eile, linn a bha glè inntinneach. Tha sinn fo fhiachan mòra don ùghdar airson leabhar cho taitneach a thoirt dhuinn. Gheibh an luchd-leughaidh iomadh uair an uaireadair de agus de thlachd agus de thoileachadh on leabhar ùr seo.

coimhearsnachd agus b'ann anns a' Ghàidhlig a chuala e airson a' cheud uair an teachdaireachd Chrìosdail an a mhisnich a bheatha, nuair a bha i air a cur. Air a cur fa comhair gu brìoghmhor le tidear Sgoil-shàbaid, Iain MacRath Thimisgearraidh.

Bha ceathrar mhac agus dithis nighean aig a phàrantan. Dòmhnall agus Anna: b'e Calum an treas leanabh a bha aca. Thòisich e air obair-sgoile ann an Crabhlasta agus lean e air leatha an Ard-sgoil MhicNeacail, Steòrnabhagh (1897-1900) agus ann an Ard-sgoil Ghlaschu (1900-1902). Nuair a bha e fichead is a h-aon bliadhna a dh'aois, thòisich e air cùrsa foghlaim fo-cheum aig Oilthaigh Dhùn Eideann. Dh'aithnich an t-Ollamh Dòmhnall MacFhionghain gum b'e Calum MacLeòid fear de na h-oileanaich a b'fheàrr a thàinig dha na clasaichean Ceilteach aige a-riamh. B'ann anns na bliadhaichean seo an Dùn Eideann a dh'obraich e còmhla ri sgioba eòlaichean gus cuideacadh a thoirt do dh'Eideard Dwelly leis an leabar aige *The Illustrated Gaelic-English Dictionary*. Rinn Eideard Dwelly iomradh le buidheachas air ainm Chalum ann an ro-ràdh.

An dèidh do Chalum crìoch a chur air an fhòghlam ann an Colaiste Nuadh, colaiste na diadhachd ann an Dùn Eideann, bha e air a chur anns an dreuch anns an t-Srath, an t-Eilean Sgitheanach, air a' bhliadhna 1910. Chaidh stad a chur air, ged-thà, leis a' Chogadh Mhòr agus bho thoiseach na bliadhna 1915, chuir e seachad trì bliadhna ag obair le saighdearan anns an Fhraing. An toiseach, bha e an ceann sheirbheisean ann an campa mòr YMCA airson shaighdearan Breatannach. An uair sin, bho 1916 a-mach, bha e 'na mhinistear-airm còmhla ris na Ceathramh Gordanaich agus an Roinn Ghàidhealaich, an Leth-cheud 's a h-Aon. Shaothair e aig mòram bhàran-catha a mhaireas fada ann cuimhne a' chinne-daonna, 'nam measg an Somme agus Ypres.

Nuair a thill e às an Fraing, lean Calum MacLeòid air le a dhreuchd anns an Eaglais Shaoir Aonaichte ann an Ceann Loch Gilb. Chòrd e ris a bhith a' fuireach ann an sgìre aig an robh eachdraidh cho fada agus cho inntinneach, faisg air Dùn Athad agus Gleann Chill Mhàrtainn, cridhe Dhàl Riada. Thòisich e air ùidh a ghabhail ann an cuspairean a chumadh greim air aire fad a bheatha: ann an obair a' Chomuinn Ghàidhealaich, ag a' na fhoghlam pearsanta anns a' Ghàidhlig, ann an Seann Ghaeilge, ann an eachdraidh agus ann an eachdraidh nàdair. (ra leantainn.)



Bha an t-Urr. Iain MacLeòid, ministear an Obain, air fear de na daoine à Leòdhas a chail 'athair nuair a chaidh an Iolaire air na creagan air madainn na Bliadhn' Uire 1919, tachartas a thug buaidh air iomadh dachaigh. An seo chìthear athair Iain ann an trusgan a' chabhlaich ròghail.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Molaibh E le fuaim trompaid." Tha na faclan seo againn anns an t-salm mu dhreireadh ann an labhear nan Salm. (Salm 130, rann trì.) Anns an t-salm seo tha an salmair ag iarraidh oirnn a bhith a' moladh Dhè leis a h-uile seòrsa ionnstramaid. Ged nach eil sinn ceòlmhor faodaidh sinn Dia a mholadh. Faodaidh sinn uile Dia a mholadh le ar bilean.

Tha còisir na h-eaglais againn a' seinn Dihaoine. Tha fèis-chiùil ann am Meadhan Earra Ghàidheal a' tachairt a h-uile bliadhna. Bidh sean agus òg a' seinn agus a' cluich ionnstramaidean. Tha co-fharpais againn airson chòisirean eaglais. Tha e math a bhith a' seinn mar chòisir. Tha e math a bhith a' seinn nar n-aonar. Anns a' Bhìoball tha iomadh seòrsa òran-molaidh againn.

Seanfhacal airson na mìos seo: "Aiteamh na gaoithe tuath, sneachd is reodhadh anns an uair." (After thaw with north wind, snow and frost come fast.) An-diugh tha an sneachd air an talamh. Rinn e milleadh air iomadh rathad. Ach cha bhi e fada ag aiteamh. Bha geamhradh math againn am bliadhna. Ach bidh dùil againn ri sneachd mun tig an samhradh.

28 An dèidh na sàbaid, aig bris-eadh na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaigne.
2 Agus feuch. bha crith-thalmhainn

Bidh seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann air Sàbaid an Ard-sheanaidh. Tha sinn an dòchas gum bi coithenal math an làthair aig an t-seirbheis. Tha e math gu bheil a' Ghàidhlig a' faighinn àite agus inbhe aig an Ard-seanadh a h-uile bliadhna

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall's a-Bhos

RANN

Aig an àm seo den bhliadhna bidh sùil againn ri làithean grianach. Anns an dàn seo tha am bard, Iain MacGhilleathain, a' dèanamh luaidh air losa, Grian na Fireantachd.

Nuair dh'èirich grian na Fireantachd,
Le dathan dìleas blàth;
Bu mhòr a bha de dh'fheum oirre,
Bu dèisneach cor gach àit;
Na cinnich bha gun eòlas
Ihòbhah 's a lagh àrd;
'S na h-lùdhaich 'nam fèin-fhìreantachd,
Bha sealltainn sìos air gràs.

SEANN EAGLAIS CHILLE BHRIGHDE

Tha grunn de sheann eaglaisean air an ainmeachadh air Brìghde. Tha oidhirpean gan dèanamh air tè de na làraich sin a leasachadh faisg air an Oban, air an rathad gu Cille Mhàrtainn. Tha greis bho nach robh seirbheisean air an làraich seo, ach tha sgoilearan a' dèanamh a-mach gur dòcha gu robh taigh-adhraidh an seo cho tràth ris an t-siathamh linn.

EOGHAINN MACFHIONGHAIN NACH MAIREANN

Bidh ionndrain mhòr air Eoghainn MacFhionghain, a rugadh anns na Hearadh, ach a chuir seachad cuid mhath de a bheatha ann an Uige Leòdhais. Bha e bliadnathan mòra a' teagasg ann an Sgoil MhicNeacail ann an Steòrnabhagh. Rinn e deagh sheirbheis don eaglais ann an Leòdhas. Tha deagh chuimhne aig Fear-deasachaidh nan Duilleag air an àm nuair a bha an dithis aca còmhla anns an aon bhliadhna ann an Sgoil Phort Rìgh.

SREATH AIR BARDACHD

Bidh ùidh mhòr aig Gàidheil anns an t-sreath de bhàrdachd spioradail a chaidh a chur air dòigh. Bha a' cheud òraid air a cumail ann an taigh Pàrlamaid na h-Alba, air na dàin spioradail aig an Oll. Urr. Iain MacDhòmhnaill, Dòmhnallach na Tòiseachd, a bha sònraichte mar shearmonaiche agus mar bhàrd mar chuspair.

ADHBHAR GAIRE

Bha balach beag a' gabhail beachd air athair, a bha 'na mhinistear, a' toirt dheth na fiasaig a' mhadainn a bha seo. "An do thòisich thu fhèin air seubhadh fhathast?" dh'fhaighnich am ministear. "Cha do thòisich," fhreagair am fear beag, a bhiodh a' leantann gach cleas agus gach cleachdaidh a bha aig 'athair, "ach dh'ionnsaich mi na drèinean uile."

Urnaigh

A Dhè shìorraidh,
a tha gun atharrachadh am measg
caochaidhean
an t-saoghail anns a bheil sinn beò.
tha sinn a' toirt taing dhut airson
aimsirean eadar-dhealaichte na bliadhna.
Tha sinn gad mholadh airson maise agus
blàths
an t-samhraidh agus gach cothrom a tha
an samhradh a' toirt dhuinn.
Gum bi sinn a' cur glòir air d'ainm
aig gach àm den bhliadhna.

Amen

An dealbh air an duilleig aghaidh:
Cha bhí sùil agann ri sneachd
nuair a thig miosan an t-samhraidh.
Ach bha an talamh air a chòmhdach le
trusgan den t-sneachd nuair a
thogadh an dealbh seo faisg air dachaigh
an Fhìr-dheasachaidh anns an Fhùirneis
ann an Earra Ghàidheal.